

### Builean Ionnsachaidh | Learning outcomes

01	Is urrainn dhomh bruidhinn air beatha sa bhaile-mhòr.	Dèanta? <input type="checkbox"/>
02	Is urrainn dhomh meòrachadh air buannachdan is eas-bhuannachdan ann a bhith a' fuireach sa bhaile.	Dèanta? <input type="checkbox"/>
03	Is urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar beatha sa bhaile is beatha àitichean eile.	Dèanta? <input type="checkbox"/>

## 1. Bailtean-mòra | Cities

Tha beatha sa bhaile-mhòr a' sìor atharrachadh. B' àbhaist fada a bharrachd dhaoine a bhith a' fuireach ann an **teas-meadhan** nam bailtean-mòra, ann an teanamantan is ann am flataichean. Ach thòisich daoine ag imrich chun nam **frith-bhailtean, gu h-àraid** bho na seasgadan air adhart. Bha **taighean ùra gan togail** an uair sin, ach b' fheudar **an togail** air talamh anns



a' **chrios-uaine** no ann am bailtean beaga timcheall air na bailtean-mòra. Cha robh **an uimhir** de dhaoine a' fuireach ann am meadhan nam bailtean-mòra is bha toglaichean air am fàgail falamh. San latha an-diugh tha oidhirpean gan dèanamh daoine a thàladh air ais gu meadhan nam bailtean-mòra. Tha barrachd **fhlataichean is thaighean gan togail**. Faodar **an togail** a-nis air raointean seann-ghnìomhachais nach eilear a' cleachdadh tuilleadh. Tha Sgìrean Beag-Eimisein gan stèidheachadh airson **truailleadh** adhair a lùghdachadh agus barrachd chraobhan gan cur air sràidean dùinte no leth-dhùinte do chàraichean. Feumar **bailtean-mòra a dhèanamh** nas tarraingiche do dhaoine, ach feumar **an dèanamh** nas so-sheasmhaiche, nas uaine, cuideachd airson cur an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde.

**teas-meadhan** | very centre    **gu h-àraid** | especially    **an uimhir** | so many, as much  
**frith-bhailtean** | suburbs    **chrios-uaine** | greenbelt    **truailleadh** | pollution

**Sgrìobh** ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - Cuir crìoch air na seantansan seo le d bheachdan fhèin agus an uair sin, cleachd na sgrìobh thu airson còmhradh a dhèanamh sa chlas.

1. B' fheàrr leam fuireach \_\_\_\_\_.
2. Tha mi air a bhith a' fuireach \_\_\_\_\_.
3. 'S e \_\_\_\_\_ am baile as motha | as inntinniche dhan deach mise a-riamh.
4. Tha stèidheachadh Sgìrean Beag-Eimisein \_\_\_\_\_.
5. Airson meadhan nam bailtean-mòra a dhèanamh nas tarraingiche dhòmhsa, dh'fheumadh \_\_\_\_\_.

## 2. Tha taighean gan togail | Houses are being built

Ann an ro-ràdh don leasan seo, chunnaic sinn grunn eisimpleirean de dh'iomlaid. Dh'ionnsaich sinn an structar riatanach seo an toiseach aig **A2** agus a-rithist grunn tursan aig **B1**. Chunnaic sinn eisimpleirean de sheantansan le **gam, gad, ga**, agus le **mo, do, a**, a dh'ionnsaich sinn cuideachd tro **A2** agus **B1**. Bidh luchd-ionnsachaidh, agus luchd-labhairt na Gàidhlig tric a' dol ceàrr eadar an dà shuidheachadh seo.

Tha trì suidheachaidhean far an cleachd sinn **ga**:

### 1. Far a bheil riochdair na chuspair aig an ainmear ghnìomhaireach:

<b>A bheil</b> Are	<b>thu</b> you	<b>gam</b> at my	<b>chreidsinn</b> believing	?	<i>Do you believe me? [gam chreidsinn not a' creidsinn mi]</i>
<b>Chan eil</b> Isn't	<b>e</b> he	<b>ga</b> at its	<b>dhèanamh</b> doing		<i>He isn't doing it. [ga dhèanamh not a' dèanamh e]</i>

### 2. Far a bheil ciall fhulangach leantainneach ann:

<b>Tha</b> Are	<b>toglaichean ùra</b> new buildings	<b>gan</b> at their	<b>togail</b> building	<i>New buildings are being built.</i>
<b>Tha</b> Are	<b>iad</b> they	<b>gan</b> at their	<b>togail</b> building	<i>They are being built.</i>

### 3. Far a bheil gluasad ann:

<b>Tha</b> Are	<b>mi</b> I	<b>a' dol</b> going	<b>a</b> to	<b>thogail</b> building	<b>thaighean</b> houses	<i>I am going to build houses.</i>
<b>Tha</b> Are	<b>mi</b> I	<b>a' dol</b> going	<b>gan</b> at their	<b>togail</b> building		<i>I am going to build them.</i>
<b>Chaidh</b> Went	<b>mi</b> I	<b>ga</b> at its	<b>fhaighinn</b> getting			<i>I went to get it.</i>

**Sgrìobh**  - Chunnaic sinn an dà eisimpleir de structar 2 anns an ro-ràdh. Dèan lorg orra agus sgrìobh a-rithist an seo iad:

- \_\_\_\_\_ *New houses were being built then...*
- \_\_\_\_\_ *More flats and houses are being built.*

Dìreach mar a chunnaic sinn le **ga**, tha grunn shuidheachaidhean cuideachd le **iomlaid** 'inversion' far am bi sinn a' cleachdadh nam **buadhairean sealbhach** 'possessive adjectives'.

1. 'S iad **gnìomhairean no abairtean mòdail** 'modal phrases or verbs' an t-adhbhar as cumanta airson na h-iomlaide seo. Sin far a bheil sinn ag ràdh gu bheil **miann** 'desire', **comas** 'ability', no **riatanas** 'necessity' ann airson rudeigin a dhèanamh.

▪ **Tha iad a' togail taighean.** | They *are* building houses.

Ach, le suidheachadh mòdail:

▪ **Feumaidh iad taighean a thogail.** | They *need to* build houses.

▪ **Tha iad ag iarraidh an obair a dhèanamh.** | They *want to* do the work.

▪ **'S urrainn dhaibh an taigh a thogail an seo.** | They *can* build the house here.

Ma tha riochdair a' seasamh an àite an ainmeir, chan e **ga, gam, gad**, msaa, a chleachdas sinn ach na buadhairean sealbhach leotha fhèin: **mo, do, a**, 's msaa:

- **Feumaidh iad an togail.** | They *need to* build them. [houses, plural]
- **Tha iad ag iarraidh a dhèanamh.** | They *want to* do it. [the work, feminine]
- **'S urrainn dhaibh a thogail an seo.** | They *can* build it here. [the house, masculine]

2. Chunnaic sinn cuideachd gum bi an gnàthas-cainnte fulangach le **rach** ag adhbharachadh an aon suidheachaidh:

- **Chaidh taighean a thogail.** | Houses got built.
- **Chaidh an togail sa bhaile.** | They got built in the town.

3. Bidh sinn a' cleachdadh nam buadhairean sealbhach leis an **structar choileanta** 'perfect structure' a dh'ionnsaich sinn le **air** cuideachd:

- **Bha taighean air an togail** san fhrith-bhaile. | Houses were built in the suburb.
- **Tha an taigh air a thogail** a-nis. | The house is built now.

Cuimhnich gum bi cuid de na buadhairean sealbhach, agus na cruthan de **ga**, ag atharrachadh na ciad litreach a leanas iad, agus gum bi **gan** a' dol gu **gam** le **b,f,m,p**:

LENITION			H-VOWEL	N-VOWEL	GAM - BFMP	
mo	do	a	a	ar	ur	an
gam	gad	ga	ga	gar	gur	gan

Theirig gu **5B Duilleag Obrach** agus **5C Duilleag Geama** far a bheil eacarsaichean air na puingeagan seo.

# 4.

## Dh'fhuirichinn ann an Tokyo | I'd live in Tokyo

Thug sinn sùil an toiseach air an tràth chumhach le gnìomhairean riaghailteach ann am B1 Cuspair 5, agus chunnaic sinn iad gu tric tron chùrsa aig B1. Bu chòir gum bi sinn uile cofhurtail leotha aig an ìre seo, ach bidh sinn gan cleachdadh gu tric anns na còmhraidhean againn, agus bheir sinn sùil aithghearr orra a-rithist an seo.

<b>Fuirich!</b>   Stay!	<b>a' fuireach</b>   staying	+ MI	
CONDITIONAL   HABITUAL PAST		<b>Am fuirichinn?</b>	Would <b>I</b> stay?
<b>Am fuiricheadh?</b>	Would stay?	<b>Nach fhuirichinn?</b>	Wouldn't <b>I</b> stay?
<b>Nach fhuiricheadh?</b>	Wouldn't stay?	<b>Dh'fhuirichinn</b>	<b>I</b> would stay
<b>Dh'fhuiricheadh</b>	Would stay	<b>Chan fhuirichinn</b>	<b>I</b> wouldn't stay
<b>Chan fhuiricheadh</b>	Wouldn't stay	+ SINN	
<b>... gum fuiricheadh</b>	... that would stay	<b>Am fuiricheadh?</b>	Would <b>we</b> stay?
<b>... nach fhuiricheadh</b>	... that wouldn't stay	<b>Nach fhuiricheadh?</b>	Wouldn't <b>we</b> stay?
<b>Nam fuiricheadh</b>	If would stay	<b>Dh'fhuiricheadh</b>	<b>We</b> would stay
<b>Mura fuiricheadh</b>	If wouldn't stay	<b>Chan fhuiricheadh</b>	<b>We</b> wouldn't stay

Airson an tràth cumhach a dhèanamh le gnìomhairean riaghailteach, bidh sinn a' cur **-adh** no **-eadh** ri deireadh freumh a' ghnìomhair, a' leantainn na riaghailte litreachaidh leathann ri leathann, caol ri caol. Coltach ris an tràth chaithte, bidh sinn a' sèimheachadh toiseach a' ghnìomhair, agus a' cur **dh'** ri gnìomhairean a thòisicheas le fuaimreag no **f** + fuaimreag, sa chruth neo-eisimeileach.

- **tog** + **adh** → **thogadh**
- **ceannaich** + **eadh** → **cheannaicheadh**
- **imrich** + **eadh** → **dh'imricheadh**
- **fuirich** + **eadh** → **dh'fhuiricheadh**

Cha ghabh **ceistean** no **cruthan àicheil** 'negative forms' sèimheachadh, ach nuair a bhios **Cha** ga adhbharachadh.

Thoir sùil air **5A Duilleag Mìneachaidh** an seo ma dh'fheumas tu barrachd ath-sgrùdaidh air an tràth chumhach.


# Càit am fuiricheadh tu? | Where would you live?

**Sgrìobh** ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - Thoir sùil air na dealbhan de shia bailtean-mòra air an duilleig seo. Airson na h-eacarsaich seo, feumaidh tu bliadhna a chur seachad ag obair ann an aon de na bailtean seo. An toiseach, ann am buidhnean beaga sa chlas, taghaibh baile no dhà agus sgrìobhaibh beagan mu na bailtean. Faodaidh na buidhnean rannsachadh a dhèanamh air-loidhne airson barrachd fiosrachaidh fhaighinn: [www.gd.wikipedia.org](http://www.gd.wikipedia.org). Nuair a tha a h-uile buidheann deiseil, sgrìobhaibh am fiosrachadh a fhuair sibh air a' bhòrd, no air pàipear, gus am faic an clas e. Feumaidh na buidhnean taisbeanadh a dhèanamh don chlas mu na bailtean a thagh iad.

Nuair a tha sibh uile air am fiosrachadh mu gach baile a chluinntinn, feumaidh sibh aon àite a thaghadh far am fuirich sibh fad bliadhna. Innsibh don chlas carson a thagh thu an t-àite, dè dhèanadh tu ann, dè chitheadh tu, càit an rachadh tu?



GLASCHU



TOKYO



PARAS



LUNNAINN



EABHRAC NUADH



SIDNI

**Chail e am baile thall, 's cha do bhuinnig e am baile a-bhos.** | He lost yonder town, and didn't win this one.

**Ged a tha mi an-diugh nam chù-baile, bha mi roimhe nam chù-mòintich.** | Even though I'm old today, I once was young once. [*lit. Although I'm today a town dog, I was before a moor dog.*]

**Am fear nach toir gnothach don bhaile-mhòr, bheir e gnothach às.** | He that goes without business to the city, will get something there to do.

➔ Theirigibh gu [5A Duilleag Mìneachaidh, 5B Duilleag Obrach, 5C Duilleag Geama]

### Còmhradh:

**Coimhead** 📺 - B2 Illustrated Scenario 5: [www.youtube.com/@SpeakGaelic/playlists](http://www.youtube.com/@SpeakGaelic/playlists)

**Seonag:** Ciamar a tha do dhruim? Bu chòir dhut iòga no pilates a dhèanamh. Tha iad le chèile math airson an druim a chumail sùbailte. Neo nas lugha de dh'ùine a chur seachad nad shuidhe aig a' choimpiutair?

**Murchadh:** Tha mi a' cuideachadh Luc le ro-innleachd ùr an ionaid. Tha e fhèin air plana a sgrìobhadh, ach feumar tagraidhean a sgrìobhadh cuideachd. Tha tòrr obrach an sin ach tha mi a' faireachdainn misneachail às na sgìlean agam.



**Seonag:** Ma dh'obraicheas sin, 's dòcha gum faigh thu cothrom air slighe-obrach ùr, an àite a bhith nad thidsear? Tha teagasg air atharrachadh gu mòr bhon a bha mise nam thidsear.

**Murchadh:** Tha dùbhlain anns an àrd-sgoil nach eil anns a' bhun-sgoil. Chan eil e furasta smachd a chumail air òigridh, gu h-àraid nuair nach eil ùidh aca ann am foghlam.

**Seonag:** Tha foghlam cudromach.

**Murchadh:** Tha... ach tha iomadh seòrsa foghlaim ann. B' fheàrr leam gun robh cothrom aig cuid de na sgoilearan agam a bhith ag obair airson greis ann an àite mar seo.

**Seonag:** A bheil goireasan gu leòr agaibh?

**Murchadh:** Huh! Chan eil goireasan gu leòr san sgoil no anns a' choimhearsnachd. Tha a' chomhairle ag obair air plana leasachaidh. Ach chan eil fios againn cuin a thig càil às. Feumar taighean ùra a thogail.

**Seonag:** Cha tachair sin ann an cabhag.

**Murchadh:** Cha tachair. 'S e plana fad-ùine a bhios ann.

**Seonag:** Math dh'fhaodte gu bheil am baile-mòr air d' fhàgail sàraichte? An rachadh tu air ais a Leòdhas?

**Murchadh:** Cha deidheadh. Chan e cù-mòintich a th' annam tuilleadh. Tha mi nam chù-baile agus bithidh. Tha obair mhath agam an seo, ged a tha i dùbhlach aig amannan. Agus, tha Alfie an seo. Agus sibh pèin.

**Seonag:** Tha thu air deagh thogail a thoirt do dh'Alfie bhon a chaill e a mhàthair; bhiodh Iseabail glè mhoiteil às an dithis agaibh. Mo nighean eireachdail – bha ise measail air a' bhaile-mhòr cuideachd. ... Tha mi a' dol a reic a' chàir.

**Murchadh:** Carson?

**Seonag:** Chan eil feum agam air. 'S fheàrr leam am baidhc. Tha mi air mo shàrachadh leis na glasaidhean trafaig agus tha am baidhc nas sgiobalta.

**Murchadh:** Tha sibh glè cheart. Mura h-eil e gu feum, chan eil ann ach cosgais.

**Seonag:** Gheibh mi sgillinn no dhà air a shon agus bidh sin feumail nuair a thèid Alfie dhan oilthigh.

**Murchadh:** Ma thèid Alfie dhan oilthigh.

Tha **Iain Mac a' Ghobhainn** no 'Iain Crichton Smith', mar as fheàrr a dh'aithnichear e sa Bheurla, cliùiteach mar sgrìobhadair, ann dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Tha na sgeulachdan aige sìmplidh ach dealbhach agus a' dèiligeadh ri cuspairean mòra mar aonranachd, co-fhaireachdainn, cànan agus cultar. Tha sinn a' dol a thoirt sùil air an sgeulachd ghoirid aige **An Duine Dubh** an seo mu bheatha sa bhaile-mhòr.


**Leugh** 📖 - Tha an sgeulachd ghoirid ri leughadh air **5B Duilleag Obrach**. Leugh i an toiseach agus an uair sin leugh a-rithist i leis a' chlas.

**Sgrìobh** ✎ - Nuair a tha thu air a leughadh dà thuras, sgrìobh **lèirmheas** 'a review' air an sgeulachd a' togail air na puingeann a leanas:

- **Caractaran** - Ciamar a tha iad coltach no eu-coltach ri chèile, coltas, cànan, aois, cultar, faireachdainn?
- **Suidheachadh** - Càit a bheil an sgeulachd stèidhichte is ciamar a tha Mac a' Ghobhainn a' dèanamh dealbh den t-suidheachadh?
- **Cuspairean** - Dè na prìomh chuspairean air a bheil Mac a' Ghobhainn a' togail agus ciamar a tha e gan làimhseachadh?
- **Stoidhle** - A bheil Mac a' Ghobhainn a' cleachdadh stoidhle no cruth sònraichte airson an sgeulachd a chur an cèill?
- **Teachdaireachd** - Dè an teachdaireachd a tha Mac a' Ghobhainn a' feuchainn ri cur an cèill san sgeulachd, a bheil leasan ann dhuinn?

Tha Iain Mac a' Ghobhainn an toiseach a' cur an cèill cho eadar-dhealaichte 's a tha an dà character, a' chailleach agus an duine dubh. 'S dòcha gu bheil sinn an dùil an toiseach gur ann ann am baile beag Gàidhealach a tha an sgeulachd stèidhichte. Ach fhad 's a tha an sgeulachd a' dol air adhart tha a' chailleach a' sealltainn tuigse agus co-fhaireachdainn ris an duine dhubh, mus ionnsaich sinn aig an deireadh gur e coigrich aonranach a th' anns an dithis aca anns a' bhaile-mhòr, fada bhon dachaigh agus bhon daoine fhèin.

**Bruidhinn** 🗣️ - Leughaidh na lèirmheasan a sgrìobh sibh don chlas an seo agus dèanaibh còmhraidh ris a' chlas mu na beachdan agaibh air an sgeulachd: **An robh sibh uile ag aontachadh ri chèile? An do chòrd an sgeulachd ribh? Ciamar a tha na caractaran coltach ri chèile aig deireadh na sgeulachd? A bheil ur beachd air atharrachadh?**



IAIN MAC A' GHOBHAINN -  
DEALBH LE MICHAEL KNOWLES



Gach bliadhna, bidh an EIU, **Aonad Innleachd an Eaconamaiche** 'The Economist Intelligence Unit', a' dèanamh aithisg air na bailtean as so-chòmhnaidhe san t-saoghal. Bidh iad gan rangachadh a rèir nan slatan-tomhais aca agus a' foillseachadh liosta dhiubh. 'S iad na slatan-tomhais a chleachdas iad:


**seasmhachd, cùram-slàinte, cultar is an àrainneachd, foghlam, agus bun-structar.**

Gu math tric, 's e Vienna a thig aig bàrr na liosta, ach bidh bailtean Lochlannach, san Eilbheis, ann an Canada agus Astràilia cuideachd a' dèanamh gu math a h-uile bliadhna.

**Bruidhinn** 🗣️ - Dè ur beachd air an liosta seo? Am bu toil leibhse a bhith a' fuireach ann an gin de na bailtean-mòra seo? Carson? Dè na slatan-tomhais a chleachdadh sibhse airson liosta mar seo a dhèanamh?

**Sgrìobh** ✍️ + **Bruidhinn** 🗣️ - Smaoinich air an àite far a bheil thusa a' fuireach agus air na slatan-tomhais a chleachd an EIU. Dè an sgòr a bheireadh tu don bhaile agad fhèin? Sgrìobh aithisg air a' bhaile no àite far a bheil thusa a' fuireach, a' smaoineachadh air seasmhachd phoilitigeach is eaconamach, air dè cho fad air falbh 's a tha seirbheisean slàinte is dè cho math 's a tha iad, dè tha ri dhèanamh sa bhaile, dè cho math 's a tha na sgoiltean agus am bun-structar? Thoir sgòr don bhaile agad a-mach à 100.

Nuair a tha thu air an aithisg a sgrìobhadh, leugh don chlas e. Dèanaibh liosta dhuibh fhèin sa chlas, cò tha a' fuireach san àite as fheàrr?



1. Vienna, An Ostair
2. Copenhagen, An Danmhairg
3. Melbourne, Astràilia
4. Sidni, Astràilia
5. Vancouver, Canada
6. Zurich, An Eilbheis
7. Calgairidh, Canada
- =. Geneva, An Eilbheis
9. Toronto, Canada
10. Osaka, Iapan
- =. Auckland, Sealainn Nuadh

**so-chòmhnaidh** *adj* | liveable

**slat-tomhais** *f* | standard, yardstick

**neo-sheasmhachd** *f* | instability

**dibhearsan** *m* | entertainment

**seasmhachd** *f* | stability

**bun-structar** *m* | infrastructure

**bochdainn** *f* | poverty


**bochdainn connaidh** | fuel poverty

**rangaich!** *v* | rank!

**foillsich!** *v* | publish!

**caomhain!** *v* | save!

**meas!** *v* | assess!



Tha sinn a' dol a dh'ionnsachadh ghnàthasan-cainnte an seo ceangailte ri bailtean, no a tha feumail airson bruidhinn mun deidhinn.

'S e gnìomhair feumail a th' ann am **priob** 'wink, blink, twinkle' agus thathar ga chleachdadh ann an dà abairt ghnàthasach a tha gu math faisg air na h-aon abairtean sa Bheurla 'in the blink of an eye' and 'a wink of sleep'.

**priob!** *v* | wink, blink, twinkle, flicker!

**priobadh** *vn* | winking, blinking, twinkling, flickering

**priobadh na sùla** | the blink of an eye

**priobadh cadail** | a wink of sleep

**Sgrìobh** ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - Smaoinich air àm nad bheatha nuair a dh'atharraich rudeigin **ann am priobadh na sùla**. Faodaidh tu nòtaichean a sgrìobhadh an toiseach, ach nuair a tha thu deiseil innis an sgeulachd agad don chlas. Chan fheum an sgeulachd a bhith fìrinneach, nam b' fheàrr leat a bhith cruthachail!

Mas urrainn dhut, feuch gun cleachd thu cuid de na h-abairtean seo airson an sgeulachd agad innse:

**Tha solais a' bhaile a' priobadh.** | The lights of the city are twinkling / flickering.

**Tha taighean gan togail am priobadh na sùla!** | Houses are being built in the blink of an eye!

**Tha sglèat a dhìth air!** | He is a sandwich short of a picnic! [*lit. He's missing a slate!*]

**Tha e ann am beul a' bhaile!** | It / He is on everyone's lips!

**fios sgeulaichean a' bhaile** | gossip of the rumour mill

**urchair cloiche dhen bhaile** | a stone's throw from the town

**drip is othail a' bhaile-mhòir** | the hustle and bustle of the big city

**ùpraid a' bhaile-mhòir** | the din of the big city

**Èist** 🎧 ris a' chlàradh seo [6:06 - 7:16] far a bheil Murchadh Peutan às an Eilean Sgitheanach ag innse sgeulachd mu rudan a chuir eagal air nuair a bha e a' fuireach ann am baile-mòr Nairobi, Kenya: [www.tobarandualchais.co.uk/track/13997?l=gd](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/13997?l=gd)

Èist ris an sgeulachd an toiseach feuch an cluinn thu dè dh'fhaodadh a bhith air tachairt dha **ann am priobadh na sùla**. Nuair a tha thu air èisteachd thèirig gu **5B Duilleag Obrach** far a bheil tar-sgrìobhadh is ceistean a bharrachd.

**Bruidhinn** 🗣️ - Tha deasbad a' dol a bhith againn anns a' chlas. Feumaidh dà bhuidheann a bhith ann anns a' chlas: buidheann a tha ag argamaid airson a' mholaidh agus buidheann a tha ag argamaid an aghaidh a' mholaidh. Feumaidh na buidhnean argamaid ullachadh an toiseach, mus tòisich iad a' deasbad. Faodaidh na buidhnean cuspair a thaghadh, mar eisimpleir:

- **Air sgàth na h-àrainneachd, bu chòir dhuinn uile a bhith a' fuireach ann am bailtean-mòra.**
- **Cha bu chòir càr a bhith agad ma tha thu a' fuireach ann am meadhan a' bhaile-mhòir.**
- **Chan eil na h-ùghdarrasan a' dèanamh gu leòr airson bailtean-mòra a dhèanamh so-sheasmhach, glan agus 'uaine'.**
- **Tha bailtean-mòra nas tarraingiche nuair a tha an t-adhar glan, nuair a tha craobhan is àitichean uaine timcheall, agus nuair nach eil na h-uiread de chàraichean air na sràidean.**



**Is math am baile sam faighear biadh ri iarraidh.** | It's a good town [or farm/farmstead] where food can be got for the asking.

**Tha sin aig coin a' bhaile.** | Everyone and their dog knows that. [lit. That's at the dogs of the town.]

**Am fear a bhios carach sa bhaile seo bidh e carach sa bhaile ud thall.** | Honesty begins at home. [lit. The man who is underhand in this town, he will be underhand in yonder town.]

➔ Theirigibh gu [5A Duilleag Mìneachaidh, 5B Duilleag Obrach, 5C Duilleag Geama]